




Ted Dearg san sgoil



An teasca Geraldine Kaye • Dealbhan Jan Brychta

Ted Dearg san sgoil



An teaca Geraldine Kaye
Dealbhan Jan Brychta
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha teadaidh dearg aig Màiri.

'S e Ted Dearg a bh' aice air.

Aon là chaidh Màiri agus Sam dhan sgoil.

Chaidh Ted Dearg ann cuideachd.



Chunnaic Sam Ted Dearg.


“Chan fhaod Ted Dearg a bhith san sgoil,”
thuirt Sam.

“Cha bhi an tidsear toilichte.”



Chaidh Màiri agus Sam a-steach dhan
chlas.

“Bheil sibh airson cluich sa bhùth?”
thuirt an tidsear.



Chaidh Màiri a chluich dhan bhùth.
Chuir i Ted Dearg air a' chuntair.

bùth



Chaidh Sam chun a' chuntair.

“Dè tha thu ag iarraidh?” thuirt Màiri.

“Tha mi ag iarraidh Ted Dearg,” thuirt Sam.

“Seo an t-airgead agam.”

bùth



“Chan fhaod thu Ted Dearg fhaighinn,”
thuirt Màiri.

“S ann leamsa a tha Ted Dearg.”



“Faodaidh mi Ted Dearg fhaighinn,” thuirt Sam.

“Tha e anns a’ bhùth.”

Rug Sam air Ted Dearg.



“Squir! Squir!” thuir Màiri.

“Chan fhaigh thu Ted Dearg.”



Chunnaic an tidsear Sam agus Màiri.

“Sguiribh!” thuirt ise.

“Leigibh às Ted Dearg.”



Chuir an tidsear Ted Dearg dhan drathair.
“Chan fhaod Ted Dearg a bhith san sgoil,”
thuirt i.



“Am faigh mi Ted Dearg a-nis?” thuirt Màiri.

“Gheibh,” thuirt an tidsear.

Chaidh Màiri, Sam agus Ted Dearg dhachaigh.